



## Duaisean Michael Marks airson Leabhranan Bàrdachd 2020

Tha Urras Wordsworth agus Leabharlann Bhreatainn, le taic fialaidh bho Urras Carthannach Michael Marks, a' cur air adhart Duais Michael Marks airson Leabhranan Bàrdachd, còmhla ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Leabharlann Nàiseanta na Cuimrigh, an TLS, agus Aonad Oilthigh Harvard airson Eòlas Greugach (CHS) ann an Washington DC agus ann an Nafplio, a' Ghrèig.

Is e amas nan Duaisean, ìomhaigh leabhranan bàrdachd a thoirt am follais barrachd, ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha iad ann an saoghal na bàrdachd.

Tha ceithir duaisean ann:

Tha **Duais Bàrdachd Michael Marks** ag aithneachadh fìor dheagh leabhran bàrdachd a chaidh fhoillseachadh san RA eadar 1 Lùnastal 2019 agus 30 Sultain 2020. Bheir na britheamhan feart air càileachd an leabhraìn cho math ri càileachd na bàrdachd.

### **Duais**

Gheibh am bàrd a bhuannaicheas seic air £5,000. Gheibh iad cothrom a bhith nam Bàrd air Mhuinntearas le Comann Alumni Harvard/Aonad Eòlas Greugach air 'Turas Greugach an Earraich' aca. Bidh am muinntearas san Earrach 2021, ceann latha gu bhith air aontachadh.

Tha **Duais Foillsichearan Michael Marks** ag aithneachadh fìor dheagh fhoillsichear de bhàrdachd san RA a dh'fhoillsich bàrdachd ann an cruth leabhraìn, stèidhichte air a' phrògram foillsichidh aca eadar 1 Lùnastal 2019 agus 30 Sultain 2020. Bheir na britheamhan aire do dh'fheallsanachd, amasan, planaichean, feallsanachd dealbhaidh agus ro-innleachd margaidheachd a bharrachd air càileachd na bàrdachd.

### **Duais**

Gheibh am bàrd a bhuannaicheas seic air £5,000.

Tha **Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach aig Michael Marks Poetry** na duais a tha ag aithneachadh fìor dheagh leabhran bàrdachd a rinneadh san RA eadar 1 Lùnastal 2019 and 30 Dàmhair 2020 agus a tha sgrìobhte ann an cànan Ceilteach (Cuimris, Gàidhlig na h-Alba, Gaeilge, Còrnais no Gàidhlig Mhanainn). Bheir na britheamhan feart air càileachd an leabhraìn cho math ri càileachd na bàrdachd.

### **Duais**

Gheibh am bàrd a bhuannaicheas seic air £2,000. Gheibh iad cothrom a bhith nam Bàrd air Mhuinntearas le Comann Alumni Harvard/Ionad Eòlas Greugach air 'Turas Greugach an Earraich' aca. Bidh am muinntearas san Earrach 2021, ceann latha gu bhith air aontachadh.

Tha **Duais Dealbhadair Michael Marks** ag aithneachadh fìor dheagh obair dealbhadair ann an leabhran bàrdachd a chaidh fhoillseachadh eadar 1 Lùnastal 2019 agus 30 Sultain 2020. Beachdaichidh am brìtheamh air dealbhan ann am meadhan sam bith agus bidh e/i a' sireadh dàimh làidir agus seasmhach eadar ìomhaigh agus teacsa, a bharrachd air càileachd iomlan nan ìomhaighean.

### **Duais**

Gheibh am bàrd a bhuannaicheas seic air £1,000.

### **Buannaichean**

Thèid na Duaisean a chomharrachadh aig dinnear shònraichte ann an Leabharlann Bhreatainn far am bi na bàird is na foillsichearan air a' gheàrr-liosta an làthair air Diluain 14 Dùbhlachd 2020. Thèid tachartas bhiortail a chumail mas e is nach gabh an tachartas fhèin a chumail.

**Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean: 4.00f Diciadain 30mh Sultain 2020.**

**Tha an ceann-latha mu dheireadh teann agus cha ghabhar ri tagraidhean às dèidh a' chinn-latha seo.**

*“Tha na duaisean lèirsinneach seo ag aithneachadh gu bheil an leabhran fìor chudromach ann an cultar litreachais agus gu bheil e fada nas cudromaiche na shaoileadh tu bhon fhaclair – “foillseachadh goirid, mar as trice le còmhachd pàipeir”. Airson cuid de na bàird às fheàrr a tha a' sgrìobhadh aig an àm seo, is dòcha gur e seo a' chiad dòigh sgaoilidh aca agus cuideachd, a' chiad aithneachadh den tàlant aca.”*

**Seamus Heaney**

## Na Britheamhan

### Duais nam Bàrd is nam Foillsichearan

Rugadh **Kei Miller** ann an Iameuga ann an 1978 agus tha e air grunn leabhraichean a sgrìobhadh ann an diofar nòsan-litreachais. Choisinn a chruinneachadh, *The Cartographer Tries to Map a Way to Zion*, a chaidh fhoillseachadh ann an 2014 an Duais Forward airson a' Cruinneachaidh as Fheàrr agus choisinn an nobhail aige, *Augustown*, a chaidh fhoillseachadh ann an 2017 Duais Bocas airson Litreachas a' Charibbean, Prix Les Afriques, agus am Prix Carbet de la Caraïbe et du Tout-Monde. Tha e na sgrìobhadair aistean cuideachd.

Tha **Natasha Bershadsky** na h-òraidiche ann an Clasaigeachd ann an Oilthigh Harvard agus na Companach ann am Bàrdachd agus ann an Eachdraidh Àrsaidh na Grèige anns an Aonad airson Eòlas Greugach, far am bi i a' co-dheasachadh Magnetic Links, pròiseact bàrdachd aig *Classical Inquiries* a tha ann gus coimhead air ceanglaichean eadar bàrdachd an latha an-diugh agus seann traidiseanan Greugach.

Bidh an rannsachadh aice a' sgrùdadh eileamaidean deas-ghnàthach agus eileamaidean de bheul-aithris mu chogaidhean Grèigeach tràth, agus taobhan poilitigeach agus creideimh de dh'obair Hesiod, agus de dh'aislingean àrsaidh.

Tha **William Wootten** na bhàrd, breithniche agus neach-naidheachd litreachais. Am measg nan leabhraichean aige tha an sgrùdadh breithneachail *The Alvarez Generation* (Liverpool University Press, 2015 agus 2020), an cruinneachadh bàrdachd *You Have a Visitor* (Worple, 2016) agus an leabhar le notaichean leughaidh *Reading Walter de la Mare*, a thèid fhoillseachadh le Faber san Ògmhios 2021. Tha na lèirmheasan bàrdachd aige agus na h-aistean aige mu bhàrdachd air nochdadh ann an grunn pàipearan agus irisean nàiseanta, gu sònraichte anns an *Times Literary Supplement*. Tha e na òraidiche Beurla ann an Oilthigh Bristol.

Tha **Rachel Foss** os cionn Tasglannan agus Làmh-sgrìobhainnean an Latha an-diugh ann an Leabharlann Bhreatainn. Tha i air iomadh taisbeanadh a chur ri chèile ann an Leabharlann Bhreatainn, a' gabhail a-steach *'In A Bloomsbury Square': T.S. Eliot the Publisher, Writing Britain: Wastelands to Wonderlands* and *Gay UK: Love, Law and Liberty*. Tha i air iomadh artaigil a sgrìobhadh mu thasglannan agus mu bhith a' cruinneachadh litreachais. Bha i na britheamh ann an Duaisean Michael Marks ann an 2018 agus 2019.

### Duais Dealbhadair

Bha **Sir Nicholas Penny** na Stiùiriche air a' Ghailearaidh Nàiseanta, Lunnainn bho 2008 gu 2015. Am measg nan dreuchdan eile tha a bh' aige, tha a bhith na òraidiche ann an eachdraidh ealain ann an Oilthigh Manchester, Neach-glèidhidh Roinn Ealain an Iar ann an Taigh-tasgaidh Ashmolean ann an Oxford, Neach-glèidhidh Clore de Pheantadh an Ath-bheothachaidh ann an Gailearaidh Nàiseanta Lunnainn, agus Prìomh Neach-glèidhidh Ìomhaighean agus Ealain Sgeadachaidh aig Gailearaidh Nàiseanta nan Ealan, Washington. Tha e air mòran leabhraichean agus artaigilean a sgrìobhadh air gach cuid peantadh agus deilbheadh, nam measg *Raphael* (le Roger Jones), *Taste and the Antique* (le Francis Haskell) agus *The Materials of Sculpture*.

### Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach

Tha **Aonghas Phàdraig Caimbeul** na bàrd, nobhailiche, neach-naidheachd, craoladair agus cleasaiche. Rugadh is thogadh Aonghas Phàdraig ann an Uibhist a Deas agus chuir e seachad bliadhnaichean na h-àrd-sgoile san Òban far an robh e air a theagasg le Iain Crichton Mac a' Ghobhainn ann an Àrd-sgoil na sgìre. Fhuair e Crùn na Bàrdachd ann an 2001 airson bàrdachd Ghàidhlig. Ann an 2002 fhuair e duais Alba

Chruthachail airson Litreachas agus ann an 2008 chaidh ainmeachadh airson duais Cleasaiche as Fheàrr aig BAFTA airson a' phrìomh phàirt a chluich e anns an fhilm Ghàidhlig, *Seachd*. Chaidh a nobhail Ghàidhlig 'An Oidhche Mus do Sheòl Sinn' a bhòtadh dhan Prìomh Deich de na 100 Leabhraichean as Fheàrr a-riamh à Alba leis a' phoball ann an Duaisean Orange / List.

Choisinn a chruinneachadh 'Aibisidh' Duais Leabhar Bàrdachd na Bliadhna ann an 2011 agus choisinn an nobhail aige 'Memory and Straw' Duais Leabhar Ficsean Saltire na Bliadhna airson 2017.

Tha **Dafydd Pritchard** na Mhanaidsear Ruigsinneachd Chruinneachaidhean ann an Leabharlann Nàiseanta na Cuimrigh. Tha e na bhàrd, a bhuannaich an Crùn aig Eisteddfod Nàiseanta na Cuimrigh ann an 1996 agus tha e air dà leabhar bàrdachd fhoillseachadh. Tha e air a bhith air a' phannal bhritheamhan airson farpais a' Chrùin dà thuras agus bidh e a' dèanamh lèirmheasan gu tric. Bha e na chathraiche air Barddas, an comann bàrdachd agus foillsichear nàiseanta.

## Riaghailtean a thaobh Tagraidhean

**Tha daoine a chuireas a-steach leabhlanan airson Duaisean Michael Marks airson Leabhlanan Bàrdachd a' gabhail ris na riaghailtean seo. Leugh gu faiceallach iad mus dèan sibh tagradh** Tha e an urra ris a' bhàrd/an fhoillsichear na riaghailtean seo a leughadh agus dèanamh cinnteach gu bheil na tagraidhean a rèir nan riaghailtean sin. Cha tèid gabhail ri tagraidhean nach eil ion-ròghnach. **Cha tèid conaltradh sam bith a dhèanamh a thaobh tagraidhean mì-dhligheach agus cha tèid an tilleadh.** Mur eil thu cinnteach, cuir fios gu Neach-rianachd nan Duaisean mu ion-ròghnachd mus dèan sibh tagradh.

Tha riaghailtean a tha an sàs airson aon Duais a-mhàin rim faicinn ann an earrannan 5,6,7, agus 8 gu h-ìosal, ach tha na riaghailtean a leanas an sàs airson tagraidhean airson gach Duais:

### 1. Ion-ròghnachd

- a) Tha am mìneachadh againn air leabhlanan a' gabhail a-steach leabhlanan, chapbooks, leabhraichean ealain agus leabhraichean ann an cruthan neo-thraidiseanta. Tha na Duaisean ag amas air foillsichidhean clò-bhuailte a bhrosnachadh agus mar sin, chan eil leabhraichean-e ion-ròghnach. Faodar druim-leabhair a bhith aig foillseachadh, cho fad 's a tha e ion-ròghnach sa h-uile dòigh eile. Faodaidh còmhdaichean pàipear no cairt bhog a bhith air leabhlanan ach chan fhaod còmhdaichean cruaidh a bhith orra. Cuir fios gu Rianadair nan Duaisean ma tha ceist sam bith agad mu ion-ròghnachd.
- b) **Chan fhaod barrachd air 36 duilleagan a bhith aig foillseachaidhean. Tha seo a' gabhail a-steach duilleagan bàn, duilleag tiotail, notaichean, dealbhan, msaa ach chan eil e a' gabhail a-steach còmhdaichean.** Cha bhi foillseachaidhean le barrachd dhuilleagan na seo ion-ròghnach. Chan eil crìoch ann a thaobh an àireamh as ìsle de dhuilleagan a tha ceadaichte. Thèid pàipearan crìochnachaidh dathte a mheas mar phàirt den chòmhdach nuair a thathar a' cunntadh nan duilleagan.
- c) Tha dàin shingilte, cruinneachaidhean le aon ùghdar, foillseachaidhean le diofar ùghdaran, eadar-theangachaidhean agus cruinneachaidhean eile uile ion-ròghnach fhad 's a thathar a' coileanadh nan cumhachan ion-ròghnachd eile.
- d) Faodar obair fèin-foillsichte a chur a-steach.

- e) Chan fheumar ISBN a bhith ann.
- f) Chan eil irisean a tha air am foillseachadh gu cunbhalach ceadaichte. Cuir fios gu Rianadair nan Duaisean ma tha ceist sam bith agad mu ion-ròghnachd.
- g) Chan fhaod dàin a bhith air am foillseachadh roimhe ann an cruth leabhraìn no leabhair. Faodaidh iad a bhith air am foillseachadh ann an irisean roimhe.
- h) Chan eil obair an dèidh bàis an ùghdair ion-ròghnach ach a-mhàin ma thèid fhoillseachadh taobh a-staigh bliadhna bho chaochail am bàrd agus rè na h-ùine ion-ròghnachd.
- i) 'S e dìreach leabhraìn a chaidh fhoillseachadh san RA eadar 1 Lùnastal 2019 agus 30 Sultain 2020 a tha ion-ròghnach. **Chan fhaod leabhran sam bith a chur a-steach do Dhruisean Michael Marks ann an còrr is aon bhliadhna.**
- j) Chan eil Duaisean Michael Marks fosgailte do luchd-obrach aig Urras Wordsworth, Leabharlann Bhreatainn, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Leabharlann Nàiseanta na Cuimrigh, no aig an Times Literary Supplement.

## 2. Modh-obrach

- a) Feumar tiotalan a chur a-steach anns a' chruth fhoillsichte chlà-bhuailte dheireannach, agus bu chòir foirm tagraidh a bhith ann airson gach duais a tha thu airson cur a-steach.

Airson **Duais na Bàrdachd, feumar sia lethbhreacan de gach leabhran, còmhla ri foirm tagraidh Duais na Bàrdachd**, a bhith aig an t-seòladh airson tagraidhean ro 4.00f, Diciadain 30 Sultain. Faodar iomadh tiotal a chur a-steach air aon fhoirm tagraidh.

Airson **Duais nam Foillsichearan** chan fheumar lethbhreacan a bharrachd den leabhran a chur a-steach, **ach feumar sia lethbhreacan de dh'fhoirm tagraidh Duais nam Foillsichearan** a chur a-steach **a bharrachd air foirm tagraidh Duais na Bàrdachd.**

Airson **Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach, feumar còig lethbhreacan de gach leabhran, còmhla ri foirm tagraidh lìonnte airson Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach**, a bhith aig an t-seòladh airson tagraidhean ro 4.00f, Diciadain 30 Sultain. Faodar iomadh tiotal a chur a-steach air aon fhoirm tagraidh.

Chan faodar leabhraìn a chuirear a-steach gu Duais nan Cànanan Ceilteach a chur a-steach gu Duais na Bàrdachd cuideachd. Cuir fios gu Rianadair nan Duaisean ma tha ceist sam bith agad mu ion-ròghnachd. Tha Duais nan Cànanan Ceilteach air a thoirt seachad ann an co-bhonn le Leabharlann Nàiseanta na Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Cuimrigh.

Gus tagradh a dhèanamh airson **Duais na Dealbhadaireachd, feumar lethbhreac eile den leabhran a chur ann**: seachd lethbhreacan uile gu lèir. Feumar **dà lethbhreac den fhoirm tagraidh airson Duais na Dealbhadaireachd** a lìonadh cho math ris an fhoirm/na foirmean eile.

- b) Tha an ceann-latha mu dheireadh teann agus cha ghabhar ri tagraidhean às dèidh a' chinn-latha seo agus cha tèid an tilleadh. Tha e an urra ris an tagraiche dèanamh cinnteach gun ruig an tagradh ron cheann-latha mu dheireadh.
- c) Gheibhear foirmean iarrtais aig [www.michaelmarksawards.org/enternow](http://www.michaelmarksawards.org/enternow)
- d) Thèid a h-uile tagradh aithneachadh tro phost-d. Bheir e suas ri dà sheachdain daingneachadh gun d' fhuaras an tagradh agaibh, ach mar as trice, bidh e nas luaithe. Mur a faighear daingneachadh gun d' fhuaras an tagradh taobh a-staigh na h-ùine seo, cuir fios do Rianaire nan Duaisean tro phost-D: [admin@michaelmarksawards.org](mailto:admin@michaelmarksawards.org)

- e) Tha e an-asgaidh tagradh a chur a-steach gu Duais Michael Marks.
- f) Cha tèid na tagraidhean a chur air ais thugad. A-mach às an t-sia /seachd lethbhreacan de gach tiotal a thèid a chur a-steach, thèid aon lethbhreac a chur gu gach brìtheamh, thèid aon a thabhann gu Cruinneachaidhean Litreachas Clò-bhuailte Leabharlann Bhreatainn agus thèid aon lethbhreac a chumail airson adhbharan rianachd. Tha e an urra ri Leabharlann Bhreatainn an tèid a chur ann an cruinneachaidhean buan an leabharlainn.

### 3. Am Pròiseas Breithneachaidh

- a) Thèid an geàrr-liosta agus na buannaichean ann an raointean na Bàrdachd agus nam Foillsichearan a thaghadh le pannal de cheathrar bhrìtheamhan.
- b) Thèid an geàrr-liosta fhoillseachadh anns an t-Samhain/san Dùbhlachd 2020 air làrach-lìn nan duaisean. Cha tèid conaltradh sam bith a dhèanamh air thoiseach air an fhios oifigeil.
- c) Thèid buannaiche gach duais ainmeachadh aig dinnear shònraichte ann an Leabharlann Bhreatainn air feasgair 14<sup>th</sup> Dùbhlachd 2020. Thèid tachartas bhiortail a chumail mas e is nach gabh an tachartas fhèin a chumail.
- d) Thèid cuireadh a thoirt do gach bàrd/foillsichear air a' gheàrr-liosta agus do bhuannaichean na Duais Dealbhadaireachd agus Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach leughadh/bruidhinn aig an tachartas seo.
- e) Bidh co-dhùnadh nan brìtheamhan deireannach agus cha bhithear a' gabhail pàirt ann an conaltradh sam bith mu dheidhinn.

### 4. Sanasachd

Tha tagraichean a' toirt cead do luchd-eagrachaidh Duaisean Mìcheal Marks airson Leabhlanan Bàrdachd gus dàin a chleachdadh bho na leabhlanan a chaidh a chur a-steach airson adhbharan sanasachd, ann an cruth clò-bhuailte, dealanach agus claisneachd. Co-dhùnaidh na brìtheamhan dè an stuth a thèid a chleachdadh, ach cha bhi seo nas motha na aon dàn no às-earrann cho-ionnan bho obair nas fhaide. Cumaidh na h-ùghdaran a' chòir-lethbhreac. Bu chòir foillsichearan agus bàird a bhith deònach a bhith a' gabhail pàirt ann an sanasachd airson nan Duaisean. Mas e is gun tèid tagraichean a chur air a' gheàrr-liosta, tha iad a' toirt cead gum faodar dealbhan a thèid a thogail aig an tachartas a chleachdadh air na làraichean-lìn aig Michael Marks agus aig com-pàirtichean.

### 5. Riaghailtean a bharrachd airson Duaisean na Bàrdachd

- a) Far a bheil an obair a bhuannaich le barrachd air aon ùghdar, thèid an duais a cho-roinn eadar na h-ùghdaran no, mas e is gun deach a chur a-steach às dèidh do dh'ùghdar bàs fhaighinn, le oighreachd an ùghdair.
- b) Far a bheil an obair a bhuannaich na h-eadar-theangachadh ùr, thèid an duais a cho-roinn a rèir nan rèiteachaidhean cùmhnantail eadar an t-ùghdar tùsail agus an t-eadar-theangaiche.
- c) Thèid muinntireas CHS a thabhann airson cinn-latha sònraichte. Cha ghabh an tairgse a thoirt do chuideigin eile agus cha tèid rud sam bith eile a thoirt seachad an àite seo. Mura bi e comasach dhan bhuannaiche gabhail ris na cinn-latha a thèid a thabhann, dh'fhaodte gun tèid am muinntireas a thabhann do bhàrd eile air a' gheàrr-liosta le cead nam brìtheamhan.

## 6. Riaghailtean a bharrachd airson Duaisean nam Foillsichearan

- a) Bu chòir do thagraichean airson Duais nam Foillsichearan a h-uile leabhran ion-ròghnach a chaidh fhoillseachadh eadar 1 Lùnastal 2019 agus ceann-latha dùnaidh 30 Sultain 2020 a chur thugainn. Bu chòir gach leabhran a thèid a chur a-steach a bhith a rèir cumhachan ion-ròghnachd airson leabhnanan agus bu chòir dha a bhith air a chur a-seach airson Duais na Bàrdachd cuideachd.
- b) Chan àireamh as lugha de leabhnanan ann a dh'fheumas am Foillsichear fhoillseachadh rè na h-ùine ion-ròghnach.
- c) Airson Duais nam Foillsichearan thathar ag iarraidh air foillsichearan tagradh a chur a-steach gu na britheamhan, air foirm tagraidh Duais nam Foillsichearan, fo na cinn a leanas:
  1. Foillseachadh Leabhnanan - tuairisgeul goirid air prògram foillseachaidh nan leabhnanan airson na h-ùine ion-ròghnach, còmhla ri aithris air feallsanachd foillseachaidh amasan, ro-innleachd agus planaichean foillsichear nan leabhnanan airson an àm ri teachd (gun a bhith nas fhaide na 500 facal).
  2. Dealbhadh is clò-bhualadh - aithris ghoirid air na slatan-tomhais dealbhaidh is clò-bhualaidh a tha foillsichear nan leabhnanan a' cleachdadh, air an toir na britheamhan sùil an co-bhonn ris na leabhnanan a chaidh a chur a-steach, a chaidh fhoillseachadh rè na h-ùine ion-ròghnach (gun a bhith nas fhaide na 300 facal).
  3. Sanasachd - aithris ghoirid air ro-innleachd reic is adhartachaidh foillsichear nan leabhnanan rè na h-ùine ion-ròghnach, agus na toraidhean aig seo (gun a bhith nas fhaide na 300 facal).

Bu chòir gach foillsichear còig lethbhreac lìonnte de dh'Fhoirm Tagraidh nam Foillsichearan a chur a-steach.

## 7. Riaghailtean a bharrachd airson Duais Bàrdachd ann an Cànan Ceilteach

- a) Feumaidh gach tagradh a bhith ùr agus ann an Cuimris, Gàidhlig, Gaeilge, Còrnais no Gàidhlig Mhanainn. Cha bhi eadar-theangachaidhean do na cànanan sin ion-ròghnach airson na Duais seo.
- b) Cha tèid geàrr-liosta fhoillseachadh airson na Duais seo. Thèid fios dhan phrìomh bhuannaiche ro thachartas nan Duaisean agus thèid cuireadh a thoirt dhaibh dhan tachartas, ach bidh ainm a' bhuannaiche fo bhacadh gu tachartasan nan Duaisean.
- c) Thèid muinntireas CHS a thabhann airson cinn-latha sònraichte. Cha ghabh an tairgse a thoirt do chuideigin eile agus cha tèid rud sam bith eile a thoirt seachad an àite seo. Mura bi e comasach dhan bhuannaiche gabhail ris na cinn-latha a thèid a thabhann, dh'fhaodte gun tèid am muinntireas a thabhann do bhàrd eile air a' gheàrr-liosta le cead nam britheamhan.
- d) Tha na britheamhan a' gleidheadh na còrach gun a bhith a' toirt seachad Duais mur eil tagraidhean gu leòr ann.

## 8. Riaghailtean a bharrachd airson Duais na Dealbhadaireachd

- a) Feumaidh tagraidhean airson Duais na Dealbhadaireachd lethbhreac a bharrachd den leabhran a chur thugainn, a thèid a chur air adhart dhan bhritheamh airson Duais na Dealbhadaireachd. Feumar tagradh a dhèanamh airson Duais na Bàrdachd cuideachd, agus feumaidh seo a bhith a

rèir cumhachan iomlan airson nan Duaisean.

- b) Feumaidh gach pìos dealbhadaireachd a bhith ùr agus air a dèanamh leis an dealbhadair ainmichte. Bu chòir dhan dealbhadaireachd a bhith air a dèanamh a dh'aona-ghnothach airson an leabhraibh bàrdachd.
- c) Bu chòir aithris ghoirid a bhith an cois gach tagraidh mun mheadhan a chaidh a chleachdadh airson an dealbh, air an fhoirm tagraidh iomchaidh. Feumar **dà lethbhreac den fhoirm tagraidh** a chur a-steach leis gach tagradh.
- d) Cha tèid geàrr-liosta fhoillseachadh airson na Duais seo. Thèid fios a chur dhan phrìomh bhuannaiche ro thachartas nan Duaisean agus thèid cuireadh a thoirt dhaibh dhan tachartas, ach bidh ainm a' bhuannaiche fo bhacadh gu tachartasan nan Duaisean.
- e) Thèid am buannaiche a thaghadh le britheamh Duais na Dealbhadaireachd. Bidh an co-dhùnadh deireannach agus cha bhithear a' gabhail pàirt ann an conaltradh sam bith mu dheidhinn.

## 9. Ceistean agus Tagraidhean

Cuir ceist sam bith gu [admin@michaelmarksawards.org](mailto:admin@michaelmarksawards.org) tro phost-

dealain. Bu chòir a h-uile tagradh a chur gu

**Duais Michael Marks, 17 Orchard View, Aughton, Ormskirk, Lancashire, L39 5AD**

Luchdaich a-nuas foirmean tagraidh aig [www.michaelmarksawards.org/enternow](http://www.michaelmarksawards.org/enternow)



## A' bhuidheann air cùlaibh nan Duaisean

Chaidh **Urras Carthannais Michael Marks** a stèidheachadh ann an 1966 leis a' Mhorair Marks, nach maireann, 2<sup>na</sup> Baran Broughton. Bho chaidh a stèidheachadh tha e air còrr is £20m a ghealltainn gus taic a thoirt do bhuidhnean neo-prothaideach agus carthannasan a tha gu sònraichte airson cultar agus an àrainneachd a ghleidheadh agus adhartachadh.

Tha na Duaisean a' faighinn taic fialaidh bho Urras Carthannais Michael Marks.

## Com-pàirtichean na Duaise

Is e Leabharlann Bhreatainn leabharlann nàiseanta na Rìoghachd Aonaichte agus fear de na leabharlannan rannsachaidh as motha san t-saoghal. Tha cruinneachaidhean mòra de bhàrdachd aige ann an iomadh cànan agus bho gach linn suas ris an latha an-diugh. Tha an cruinneachadh as motha de nua-bhàrdachd Bhreatannach air an t-saoghal aige agus tha e daonnan a' feuchainn ri bileagan bàrdachd co-aimsireil a chur ris a' chruinneachadh aige. <https://www.bl.uk/>

Tha **Urras Wordsworth** stèidhichte ann an Dove Cottage ann an Grasmere, far an robh Uilleam Wordsworth a' fuireach anns an Deichead Òir aige (1799–1808) nuair a sgrìobh e a' mhòr-chuid de dhàn a tha a-nis air am faicinn mar an obair as cudromaiche aige. Chaidh a ràdh gur e seo 'an taigh-tasgaidh litearra as fheàrr san t-saoghal'. Gus 250 bliadhna bho rugadh am bàrd a chomharrachadh ann an 2020, tha Urras Wordsworth air tòiseachadh air pròiseact leasachaidh luach £ 6 millean air a bheil 'Reimagining Wordsworth', a bheir cothrom do bharrachd dhaoine, bho raon sòisealta nas eadar-mheasgte, bàrdachd Wordsworth a lorg. Airson barrachd fiosrachaidh, tadhail air [www.wordsworth.org.uk](http://www.wordsworth.org.uk)

Tha an TLS a' coimhead ann an doimhneachd air na foillseachaidhean as ùire agus as cudromaiche, ann an gach cuspair, ann an iomadh cànan, cho math ri tèatar, opara, taisbeanaidhean agus filmean ùra. Tha a ùghdarras aithnichte air feadh an t-saoghail. <https://www.the-tls.co.uk/>

Chaidh **Ionad Oilthigh Harvard airson Eòlas Greugach**, a tha stèidhichte ann an Washington DC, a chur air bhonn "a dh'aona-ghnothach gus ionad foghlaim a stèidheachadh ann an raon Eòlas Greugach a tha dealbhte gus daonnachd nan Greugach Helleneach ath-lorg." Tha **An t-Aonad sa Ghrèig** (The Centre in Greece) na aonad eadar-nàiseanta air leth. Is e a phrìomh mhisean taic agus brosnachadh a thoirt do rannsachadh sìobhaltachd Ghreugach, agus a bhith cuideachd na phrìomh àite obrach airson oileanaich, luchd-rannsachaidh agus sgoilearan às na Stàitean Aonaichte, a' Ghrèig, agus àiteachan eile. <https://chs.harvard.edu/>

## Luchd-taic nan Duaisean

'S e obair **Leabharlann Nàiseanta na h-Alba** a bhith a' glèidheadh cuimhne nàisean na h-Alba tro chruinneachaidhean bho thairis air na linntean, bho na h-amannan as tràithe dhan linn didseatach. Tha cànanan uile na h-Alba air an cruinneachadh gu ìre cho coileanta 's a ghabhas agus tha cruinneachaidhean gu sònraichte mòr de bhàrdachd. Tha a inbhe mar fhear de leabharlannan tasgaidh na RA air dèanamh cinnteach gur e an dà chuid an leabharlann as motha ann an Alba agus fear de phrìomh leabharlannan rannsachaidh na h-Eòrpa a th' ann. <https://www.nls.uk/>

Is e **Leabharlann Nàiseanta na Cuimrigh** an stòras as motha airson tasglannan, làmh-sgrìobhainnean agus

cruinneachaidhean sònraichte eile sa Chuimrigh, agus tha e air aon de leabharlannan tasgaidh laghail na RA. Gu h-eachdraidheil, tha àite fìor chudromach air a bhith aig bàrdachd ann an cultar na Cuimrigh, mar a bha anns na dùthchannan Ceilteach eile, agus tha cruinneachaidhean an Leabharlainn a' nochdadh sin, an dà chuid ann an làmh-sgrìobhainnean tràth agus leabhraichean co-aimsireil às a' Chuimrigh agus à iomadh dùthaich eile air feadh an t-saoghail. <https://www.library.wales/>